

23 May 2023

A phàraint/neach-cùraim chòir,

Sa Mhàrt 2023, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba air Acadamaidh Dhòrnaich. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Dòigh-obrach an àrd-sgioba stiùiridh agus an luchd-obrach a tha a' cuimseachadh air fuasglaidhean a lorg a nì cinnteach gu bheil daoine òga a' togail sgilean, buadhan agus eòlasan tro bhith a' gabhail pàirt ann an gnìomhachd taobh a-muigh a' chlas.
- Cultar agus feallsanachd adhartach na sgoile a tha a' toirt taic do dhaoine òga a bhith nan luchd-ionnsachaidh modhail, inbhidh agus cunntachail. Tha mòr-mhiannan aig luchd-teagaisg airson daoine òga agus bidh iad a' planadh gu math gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' coinneachadh ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh.
- Coileanadh dhaoine òga ann an Teisteanasan Nàiseanta. Tha seo gu cunbalach a rèir sgoiltean eile sa bheil daoine òga le feumalachdan agus cùl-raointean ionann air feadh na h-Alba.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd

- Bu chòir do àrd-stiùirichean togail air modhan-obrach a th' ann mar-thà gus cleachdad fior èifeachdach a cho-roinn thar na sgoile airson dèanamh cinnteach gu bheil na daoine òga uile gu cunbalach a' faighinn eòlas air sàr ionnsachadh, teagasg agus measadh.
- Bu chòir do àrd-stiùirichean a dhol air adhart mar a bha iad an dùil gus ro-innleachdan a chur an gnìomh airson buileachadh agus coileanadh a leasachadh. Bu chòir do seo a bhith a' gabhail a-steach dèanamh cinnteach à targaidean reusanta, ach àrd-mhiannach airson daoine òga a choileanadh.

Chruinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air cuid de chomharran càileachd à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh Eagran.\)](#). Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè a tha math agus dè a dh'fheumas a leasachadh. Às dèidh sgrùdadadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Acadamaidh Dhòrnaich

Comharran càileachd	Luachadh
Ionnsachadh, teagastg agus measadh	math
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math
Gheibhear tuairisgeul air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4mh eagran) , Pàipear-taice 3: An sgèile sia puing.	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidich, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh ri fhaighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:

[Reports page](#) | [Inspection reports](#) | [Education Scotland](#).

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn oirre a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadadh seo. Cuiridh Comhairle na Gàidhealtachd fios gu pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

E. Graham Neach-sgrùdaidh an Righ